

# Càr beag buidhe

Tha mi a' dràibheadh càr beag buidhe,  
càr beag buidhe, càr beag buidhe.

Tha mi a' dràibheadh càr beag buidhe,  
Bhrum, bhrum, bhrum, bhrum, bhrum.

*I am driving a little yellow car*

*A little yellow car, a little yellow car*

*I am driving a little yellow car*

*Vroom, vroom, vroom, vroom, vroom*

Tha mi a' dràibheadh càr beag gorm,  
càr beag gorm, càr beag gorm.

Tha mi a' dràibheadh càr beag gorm,  
Bhrum, bhrum, bhrum, bhrum, bhrum.

*I am driving a little blue car,*

*A little blue car, a little blue car*

*I am driving a little blue car*

*Vroom, vroom, vroom, vroom, vroom.*

Tha mi a' dràibheadh tractor uaine,  
tractor uaine, tractor uaine.

Tha mi a' dràibheadh tractor uaine,  
Brum, brum, brum, brum, brum.

*I am driving a green tractor*

*A green tractor, a green tractor*

*I am driving a green tractor*

*Brum, brum, brum, brum, brum*

Tha mi a' dràibheadh  
einnsean-smàlaidh dearg,

einnsean-smàlaidh dearg,  
einnsean-smàlaidh dearg.

Tha mi a' dràibheadh  
einnsean -smàlaidh dearg,


Nì-nò, nì-nò, nì-nò.

*I am driving a red fire engine,*

*A red fire engine,  
a red fire engine*

*I am driving a  
red fire engine*

*Nee naw, nee naw, nee, naw.*



# Rabaid gheal

Suas is sìos

Suas is sìos

Aon, dhà, trì

\*Rabaid gheal, rabaid gheal

Leum, leum, uì !(weeeee!)

Change rabaid gheal for the different animals for each verse.

(\*Iosgann uaine, muncaidh donn, each beag dubh, tìgear buidhe)

*Up and down*

*Up and down*

*One, two, three*

*\*A white rabbit, a white rabbit*

*Jump, jump, weeeeeee!*

(\*a green frog, a brown monkey, a little black horse, a yellow tiger)



# Òran a' bhogha-fhrois

Còmhradh:

A' bhogha-fhrois anns an adhar  
Tha sinn gad fhaicinn an dràst'.  
Dathan brèagha timcheall oirnn,  
Agus dathan anns gach àit'.

Seinn:


Dearg is orains is buidhe is uain',  
Gorm is purpaidh is liath,  
Dathan aig a' bhogh-fhrois,  
Aig a' bhogh-fhrois,  
Aig a' bhogh-fhrois bhrèagha.

*(spoken)*

*The rainbow in the sky  
We see you now.  
Lovely colours around us,  
And colours in every place.*

*(sing)*

*Red and orange and yellow and green,  
Blue and purple and light blue,  
Colours of the rainbow,  
Of the rainbow,  
Of the lovely rainbow.*



# Na solais trabhaig

Stad ort! Stad ort! Tha mi dearg.

Stad ort! Stad ort! Tha mi dearg.

Stad ort! Stad ort! Tha mi dearg.

Stad! Stad! Stad!

Dèan deiseil! Dèan deiseil! Tha mi buidhe.

Dèan deiseil! Dèan deiseil! Tha mi buidhe.

Dèan deiseil! Dèan deiseil! Tha mi buidhe.

Dèan deiseil!

Thalla a-nisd! Thalla a-nisd! Tha mi uaine.

Thalla a-nisd! Thalla a-nisd! Tha mi uaine.

Thalla a-nisd! Thalla a-nisd! Tha mi uaine.

Thalla! Thalla! Thalla!

*Stop! Stop! I am red.*

*Stop! Stop! I am red.*

*Stop! Stop! I am red.*

*Stop! Stop! Stop!*

*Get ready! Get ready! I am yellow.*

*Get ready! Get ready! I am yellow.*

*Get ready! Get ready! I am yellow.*


*Get ready!*

*Go now! Go now! I am green.*

*Go now! Go now! I am green.*

*Go now! Go now! I am green.*

*Go! Go! Go!*



# Luchag bheag gheal

Am faca sibh luchag gheal,  
luchag gheal, luchag gheal?  
Am faca sibh luchag gheal,  
Am falach fon staidhre?

*Have you seen a white mouse,  
A white mouse, a white mouse?  
Have you seen a white a mouse,  
Hiding under the stairs?*

Am faca sibh mathan donn,  
mathan donn, mathan donn?  
Am faca sibh mathan donn,  
A' sreap suas na beanntan?

*Have you seen a brown bear,  
A brown bear, a brown bear?  
Have you seen a brown bear,  
Climbing in the mountains?*

Am faca sibh tìgear buidhe,  
Tìgear buidhe, tìgear buidhe?  
Am faca sibh tìgear buidhe,  
A' ruith tron bhaile?

*Have you seen a yellow tiger,  
A yellow tiger, a yellow tiger?  
Have you seen a yellow tiger,  
Running through the town?*

Am faca sibh losgann uaine,  
Losgann uaine, losgann uaine?  
Am faca sibh losgann uaine,  
A' leum anns na lòintean?

*Have you seen a green frog,  
A green frog, a green frog?  
Have you seen a green frog,  
Jumping in the puddles?*

Am faca sibh eun gorm,  
Eun gorm, eun gorm?  
Am faca sibh eun gorm,  
Shuas anns na speuran?

*Have you seen a blue bird,  
A blue bird, a blue bird?  
Have you seen a blue bird,  
Up in the clouds?*







# Itean Penelope

Penelope le itean dearg,  
Itean dearg, itean dearg,  
Penelope le itean dearg,  
Is dathan de gach seòrsa.

*Penelope with red feathers,  
Red feathers, red feathers,  
Penelope with red feathers,  
And colours of every kind.*

Itean buidhe 's itean gorm,  
Itean buidhe 's itean gorm,  
Itean buidhe 's itean gorm,  
Is earball fada boidheach.

*Yellow feathers and blue feathers,  
Yellow feathers and blue feathers,  
Yellow feathers and blue feathers,  
And a long beautiful tail.*



# Is toigh leam gorm!

Is toigh leam gorm,  
is toigh leam dubh.

*I like blue,  
I like black*

Is toigh leam aran,  
is toigh leam ugh.

*I like bread,  
I like egg*

Is toigh leam dearg,  
is toigh leam donn.

*I like red,  
I like brown*

Is toigh leam cèic;  
cho math 's a th' ann.

*I like cake;  
it's so good.*

Is toigh leam gorm,  
is toigh leam dubh.

*I like blue,  
I like black*

Is toigh leam uisge,  
is toigh leam sùgh.

*I like water,  
I like juice*

Is toigh leam dearg,  
is toigh leam donn.

*I like red,  
I like brown*

Is toigh leam bainne;  
cho math 's a th' ann.

*I like milk;  
it's so good.*



# Dearg agus buidhe

Dearg agus buidhe

Dearg agus buidhe

Mun cuairt, mun cuairt

A' measgachadh

A' dèanamh ORAINS!

*Red and yellow*

*Red and yellow*

*Around, around*

*Mixing*

*Making ORANGE!*

Buidhe agus gorm

Buidhe agus gorm

Mun cuairt, mun cuairt

A' measgachadh

A' dèanamh UAINÈ!

*Yellow and blue*

*Yellow and blue*

*Around, around*

*Mixing*

*Making GREEN!*

Gorm agus dearg

Gorm agus dearg

Mun cuairt, mun cuairt

A' measgachadh

A' dèanamh PURPAIDH!

*Blue and red*

*Blue and red*

*Around, around*

*Mixing*

*Making PURPLE!*

Dearg agus geal

Dearg agus geal

Mun cuairt, mun cuairt

A' measgachadh

A' dèanamh PINC!

*Red and white*

*Red and white*

*Around, around*

*Mixing*

*Making PINK!*





# Dè an dath as fheàrr leat?

Dè an dath, an dath as fheàrr leat?

*What colour, colour is your favourite?*

Dè an dath as fheàrr leat?

*What's your favourite colour?*

Dè an dath, an dath as fheàrr leat?

*What colour, colour is your favourite?*

Dè an dath as fheàrr leat?

*What's your favourite colour?*

Uaine, uaine: peasraichean uaine cruinn

*Green, green: round green peas*

orains, orains: eun orains grinn

*Orange, orange: a pretty orange bird*

(Sèist)

*Blue, blue: a boat on the sea*

Gorm, gorm: bàta air a' mhuir

*White, white: a cold snowman*

Geal, geal: bodach-sneachda fuar

(Sèist)

*Black, black: a fat panda's eyes*

Dubh, dubh : sùilean panda reamhar

*Red, red: my mother's coat*

Dearg, dearg: an còta aig mo mhàthair

(Sèist)

*Yellow, yellow: flowers on the shore*

Buidhe, buidhe: flùraichean air an tràigh

*Purple, purple: the door of the house*

Purpaidh, purpaidh: an doras air an taigh



# Dè an dath a th' air?

Dè an dath a th' air?

*What colour is it? X3*

Dè an dath a th' air?


*It's \*green!*

Dè an dath a th' air?

Tha e \*uaine!

*(\*yellow, blue, red, purple)*

(\* buidhe, gorm, dearg, purpaidh,)



# Dathan

## Sèist/ Chorus

Fosgail do shùilean, fosgail an uinneag ,  
Fosgail an doras, thalla is cluich.  
Chì thu na dathan, an saoghal cho brèagha  
Bho thràth sa mhadainn gu h-anmoch air an oidhch’.

*Open your eyes, open the window,  
Open the door, go out and play.  
You will see the colours, the beautiful world  
From early in the morning until late at night.*

## Rann/ Verse

Dearg, dearg, faic am brù-dearg,  
Faic am brù-dearg a’ crathadh anns an uisg’.  
Dearg, dearg faic am brù-dearg  
Gu h-àrd anns an adhar is na sheasamh air an ruc.

*Red, red, see the red robin,  
See the red robin shaking in the water.  
Red, red, see the red robin,  
High up in the air and standing on the peat stack.*

Gorm, gorm, faic am bàta gorm,  
Faic am bàta gorm a’ seòladh anns a’ mhuir.  
Gorm, gorm, faic am bàta gorm,  
Na daoine cho làidir ag iasgach gun sgur.


*Blue, blue, see the blue boat,  
See the blue boat sailing on the sea.  
Blue, blue, see the blue boat,  
The strong men fishing without resting.*

Uaine, uaine, faic am feur uaine,  
Faic am feur uaine a’ fàs air feadh an àit.  
Uaine, uaine, faic am feur uaine,  
A’ fàs cho àrd nuair a bhios gach àite blàth.

*Green, green, see the green grass,  
See the green grass growing everywhere.  
Green, green, see the green grass,  
Growing so high when every place is warm.*

Buidhe, buidhe, faic an tunnag bhuidhe,  
Faic an tunnag bhuidhe air luaireagan air an rathad.  
Buidhe, buidhe, faic an tunnag bhuidhe ,  
A’ dèanamh uac, uac, le guthan cho àrd.

*Yellow, yellow, see the yellow duck,  
See the yellow duck waddling on the road.  
Yellow, yellow, see the yellow duck,  
‘Doing’ quack, quack with loud voices.*



# Cò tha a' cosg dearg an-diugh?

Cò tha a' cosg dearg an-diugh,  
Dearg an-diugh, dearg an-diugh?  
Cò tha a'cosg dearg an-diugh?  
Buail, buail do làmhan!

*Who is wearing red today,  
Red today, red today?  
Who is wearing red today?  
Clap, clap your hands!*

Cò tha a' cosg dearg an-diugh,  
Dearg an-diugh, dearg an-diugh?  
Cò tha a' cosg dearg an-diugh?  
Buail, buail do làmhan!

*Who is wearing red today,  
Red today, red today?  
Who is wearing red today?  
Clap, clap your hands!*

Change the to a different colour after you  
have sung it through twice.



# Dathan 2

Dath geal air a' bhainne,  
Dath ruadh air an tì,  
Dath donn air a' bhriosgaid,  
Dath buidh' air an ìm.

*The milk is white in colour,  
The tea is red/brownish in colour,  
The biscuit is brown in colour,  
The butter is yellow in colour.*

